



## Fiosrachadh Priobhaideach ri linn Sgeamaichean Maoineachaidh

### Privacy Information relating to Funding Schemes

Tha e mar uallach air Bòrd na Gàidhlig a' Ghàidhlig a chur air adhart agus suidheachadh a' chànan a thoirt air adhart, agus gus cuideachadh leis an dà amas sin bidh e a' ruith grunn sgeamaichean maoineachaidh.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' buileachadh chùmhnantan air daoine fa leth agus air buidhnean gus cinn-uidhe ro-innleachdail shònraichte a choileanadh, agus bidh e a' toirt maoineachadh do dh'iomairtean ann an co-bhuinn ri buidhnean eile. Bidh Bòrd na Gàidhlig cuideachd a' toirt maoineachadh do bhuidhnean poblach a tha a' dealbh no a' cur Phlanaichean Gàidhlig an gnìomh.

#### Dè am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh?

Anns na foirmichean-iarrrais airson gach sgeama maoineachaidh bithear ag iarraidh an fhiosrachaidh a tha dhìth gus an sgeama a chur an sàs, agus faodaidh cuid den fhiosrachadh a thèid a chruinneachadh a bhith air a mheas mar dhàta pearsanta fon Achd Dìon Dàta (1998) (ADD) agus, bho 25 Cèitean 2018, fon Riaghait Choitchinn airson Dìon Dàta (RCDD).

#### Ciamar a nì Bòrd na Gàidhlig feum den fhiosrachaidh agam?

Tha fiosrachadh a dhìth air Bòrd na Gàidhlig gus gach sgeama maoineachaidh a chur an sàs gu ceart. Cuiridh e am fiosrachadh a bheir sibh seachad gu feum gus co-dhùnadh a dhèanamh mun iarrtas; agus airson luchd-iarrrais a gheibh maoineachadh, nì Bòrd na Gàidhlig feum den fhiosrachadh gus am

Bòrd na Gàidhlig is responsible for promoting and developing the Gaelic language and, in support of that remit, administers a number of funding schemes.

Bòrd na Gàidhlig awards contracts to individuals and organisations in order to accomplish specific strategic goals, and funds initiatives in partnership with other organisations. Bòrd na Gàidhlig also distributes funding to public bodies who are drafting and implementing Gaelic language plans.

#### What information is collected?

The application form for each funding scheme requests the information required to administer the scheme, and some of the information gathered may be considered personal data under the Data Protection Act (1998) (DPA) and, from 25 May 2018, the General Data Protection Regulations (GDPR).

#### How will Bòrd na Gàidhlig use my information?

Bòrd na Gàidhlig require the information to administer each funding scheme appropriately. They will use the information provided to make a decision about the application and, for successful applicants, to administer the funding in accordance with the terms and conditions of the contract.

---

maoineachadh a thoirt seachad a rèir cumhachan is cùmhnan tan a' chòmhnaint. Cuideachd, feumaidh Bòrd na Gàidhlig na dleastanasan laghail aige a choileanadh a thaobh a bhith cumail chunntasan ceart agus a bhith dèanamh sgrùdadh air an airgead phoblach a bheir e seachad. Thèid fiosrachadh, a bheirear seachad san fhoirm-iarrtais agus a thèid a chruinneachadh rè ùine a' chòmhnaint, a chleachdad airson an adhbhair sin.

Mura toir sibh am fiosrachadh a tha dhìth seachad, cha bhi e coltach gun urrainn do Bhòrd na Gàidhlig breithneachadh a dhèanamh air an iarrtas agaibh airson maoineachaidh. Ma tha sibh airson bruidhinn rinn mu dheidhinn seo, feuch gun cleachd sibh am fiosrachadh conaltraidh gu h-ìosal gus fios a chur thugainn sa chìad dol a-mach.

Mar phàirt den dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig gus an cànan a chur air adhart, dh'fhaodte gun tèid feum a dhèanamh de chuid den fiosrachadh a bheir sibh seachad airson follaiseachd is sanasachd a dhèanamh air sgeamaichean agus gus sealltainn mar a dh'fhaodas buidhnean is daoine eile páirt a ghabhail sna sgeamaichean. Cuideachd, dh'fhaodadh gun cruinnich Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh a bharrachd airson adhbharan follaiseachd is sanasachd nuair a tha an cùmhnan ga lìbhrigeadh, mar eisimpleir, dealbhan-camara. larraidh sinn cead bhuaibh mus cleachd sinn fiosrachadh airson an adhbhair seo.

Cha bhi Bòrd na Gàidhlig a' toirt fiosrachadh seachad do dhaoine no buidhnean eile gu h-àbhaisteach, mura feum e sin a dhèanamh gus an cùmhnan maoineachaidh a lìbhrigeadh no gus dleastanasan laghail a choileanadh.

Nuir a tha sibh air cead a thoirt dhuinn, dh'fhaodadh gun cleachd Bòrd na Gàidhlig am fiosrachadh conaltraidh agaibh gus fiosrachadh a chur thugaibh mu sgeamaichean no pròiseactan, coltach ris an fhear a fhuair cuideachadh, anns am

---

---

Bòrd na Gàidhlig must also fulfil legal obligations relating to the accounting for, and the auditing of, the distribution of public funds. Information provided in the application form and gathered for the duration of the contract will also be used for this purpose.

If you do not provide the information requested, it is unlikely that Bòrd na Gàidhlig will be able to consider your funding application. If you wish to discuss this further, please use the contact details below in the first instance.

As part of Bòrd na Gàidhlig's role in promoting the Gaelic language, some of the information provided may also be used to promote schemes and to demonstrate how other organisations and individuals can become involved. Bòrd na Gàidhlig may also gather additional information specifically for promotional purposes during the contract, such as photographs. We will ask for your consent before using information for this purpose.

Bòrd na Gàidhlig do not usually pass information to third parties unless specifically required to do so for the purposes of administering the funding contract or to fulfil legal obligations.

Where you have provided consent for us to do so, Bòrd na Gàidhlig may also use your contact details to send you information about similar schemes or projects that may be of benefit to you or a group you are representing.

---

faodadh ùidh a bhith aig a' bhuidhinn agaibh no agaibh fhèin.

## Dè Thachras Nuair Nach Eil am Fiosrachadh agam a Dhìth oirbh Tuilleadh?

Mar as trice bithear a' cumail iarrtasan nach robh soirbheachail airson bliadhna bhon cheann-latha air an deach an co-dhùnadh a dhèanamh. Bithear a' cumail iarrtasan soirbheachail agus am fiosrachadh a thèid a chruinneachadh rè ùine a' chùmhaint airson ùine nas fhaide agus thèid an t-iarrtas agus am fiosrachadh sin a chumail airson, aig a' char as lugha, 6 bliadhna bho dheireadh na bliadhna ionmhais san deach an t-sùim mu dheireadh a phàigheadh mar thaic-airgid.

Bu chòir do luchd-iarrtais cuimhneachadh, nuair a tha sgeama maoineachaидh mar phàirt de sgeama Èòrpach, dh'fhaodte gum feumar clàran-fiosrachaidh a chumail airson ùine gu math nas fhaide airson adhbharan sgrùdaidh, agus cha bhi fios againn daonnan aig an àm a gheibhear iarrtas dè cho fad 's a dh'fheumar fiosrachadh a chumail mu dheidhinn.

## Fiosrachadh a Bharrachd

### Na Còraichean Agaibh

Faodaidh sibh an cead agaibh, airson fiosrachadh pearsanta a chleachdadhbh air adhbharan follaiseachd is sanasachd, a tharraing air ais aig àm sam bith. Bu chòir dhuibh cuimhneachadh ge-tà, ged a sguireas Bòrd na Gàidhlig de bhith cleachdadhbh an fhiosrachaidh agaibh air an adhbhar sin sa bhad, cha bhi e daonnan comasach dhuinn am fiosrachadh a thoirt às gach meadhan no raon poblach far a bheil e a' nochdadhbh, mar eisimpleir, ma tha e a' nochdadhbh ann an stuthan clò-bhualite. Bu chòir fios a bhith agaibh cuideachd gu bheil a' chòir gus cead a tharraing air ais dìreach a'

## What Happens to My Information When It is No Longer Required?

Unsuccessful applications are usually retained for one year from the date of decision. Successful applications and information gathered for the duration of a contract are kept for longer and, as a minimum, will be retained for 6 years from the end of the financial year in which the last funding payment was made.

Applicants should note that where the funding scheme is part of an EU scheme, records may need to be retained for audit purposes for considerably longer, and the retention periods are not always known at the point an application is made.

## Additional Information

### Your Rights

You may withdraw your consent for using your personal information for promotional purposes at any time. You should be aware that, while Bòrd na Gàidhlig will stop using your information for that purpose with immediate effect, it may not always be possible to remove information from the public domain, for example where it has been used in hard copy publications. You should also be aware that the ability to withdraw consent only applies to information considered to be personal. It does not usually apply to information about groups or organisations. You may also withdraw your

---

buntainn ri fiosrachadh a tha air a mheas pearsanta. Gu h-àbhaisteach, cha bhi a' chòir sin a' buntainn ri fiosrachadh mu dheidhinn bhuidhnean no mòr-bhuidhnean. Faodaidh sibh cuideachd an cead agaibh, airson fiosrachadh pearsanta a chleachdad airson adhbharan margaidheachd, a tharraing air ais aig àm sam bith.

Tha na còraichean seo agaibh:

- I. Cothrom iarraidh sealltann air an dàta phearsanta agaibh.
- II. Iarraidh gun tèid dàta pearsanta a cheartachadh no cur às dha. Dh'fhaodte gum bi cuid a shuidheachaidhean ann far nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gabail ri iarrtasan gus fiosrachadh a cheartachadh no cur às dha, mar eisimpleir ma dh'fheumar fiosrachadh a chumail san dreachd thùsail ri linn dhleastanasan laghail. Ma thachras gum bi seo fior mu iarrtas a chuireas sibh a-steach, thèid mineachadh dhuibh carson nach urrainn do Bhòrd na Gàidhlig gabail ris an iarrtas agaibh, agus thèid innse dhuibh cuin a thathar an dùil gun tèid cur às don fhiosrachadh.
- III. Cuingealachadh a chur air mar a thèid fiosrachadh a chleachdad no cur an aghaidh mar a thathar ga chleachdad.
- IV. Ann an cuid a shuidheachaidhean, an dàta agaibh fhaotainn is a għluasad gun bhacadh.

## Gearanan

Ma bhios sibh mì-thoilichte leis an dòigh san do chleachd Bòrd na Gàidhlig an dàta pearsanta agaibh, tha a' chòir agaibh gearan a chur gu Coimiseanair an Phiosrachaíd, a tha riaghlaidh reachdas dòn dàta air feadh na RA. Gheibhearr fiosrachadh conaltraidh air an son aig <https://ico.org.uk/>.

---

---

consent at any time for allowing your information to be used for marketing purposes.

You have the right to:

- I. Request access to your personal data,
- II. Request rectification or erasure of personal data. There may be some circumstances in which Bòrd na Gàidhlig is unable to comply with requests to rectify or destroy information, for example if information must be retained in the original format to fulfil legal obligations. Should this apply to a request you make, it will be explained to you why Bòrd na Gàidhlig is unable to comply with the request, and when it is anticipated the information will be destroyed.
- III. Restrict processing or object to processing
- IV. Data portability in some circumstances

## Complaints

Should you be unhappy with the way in which Bòrd na Gàidhlig have processed your personal data, you have the right to lodge a complaint with the Information Commissioner, who regulates data protection legislation across the UK. Their contact details can be found at <https://ico.org.uk/>.

---

## Fiosrachadh Conaltraidh

'S e Bòrd na Gàidhlig an Rianadair Dàta airson fiosrachadh a thèid a chruinneachadh is a chleachdadhbh a bhith cur sgeamaichean maoineachaidh an sàs. Làrach-lìn:  
<http://www.gaidhlig.scot/bord/fundraising/>

Ma tha ceistean agaibh mun fiosrachadh seo mu phrìobhaideachd, cuiribh fios sa chìad dol a-mach gu:

Ceann nan Seirbheisean Corporra  
Bòrd na Gàidhlig  
Taigh a' Ghlinne Mhòir  
Rathad na Leacainn  
Inbhir Nis IV3 8NW  
[oifis@gaidhlig.scot](mailto:oifis@gaidhlig.scot)  
01463 225454

## Contact Details

Bòrd na Gàidhlig is the Data Controller for information collected and processed for the purposes of administering funding streams. Website:

<http://www.gaidhlig.scot/bord/fundraising/>

If you have any queries regarding any of the information in this privacy notice, in the first instance please contact:

Head of Corporate Services  
Bòrd na Gàidhlig  
Great Glen House  
Leachkin Road  
Inverness IV3 8NW  
[oifis@gaidhlig.scot](mailto:oifis@gaidhlig.scot)  
01463 225454